# Pasgan Fiosrachaidh do Thagraichean airson Buill a chur an dreuchd aig Bòrd na Gàidhlig

Tha Rùnaire a’ Chaibineit airson Foghlam, Cultar agus Gàidhlig airson suas ri triùir Bhall ùr a chur an dreuchd aig Bòrd na Gàidhlig. Tha Rùnaire a’ Chaibineit a’ cur luach mòr air na buannachdan a th’ ann ma tha diofar bheachdan gan riochdachadh aig a’ bhuidhinn phoblaich, agus tha i a’ cur fàilte air tagraidhean bho dhaoine bho gach suidheachadh sòisealta.

Mar phàirt dhen phròiseas gus na dreuchdan bàna seo a lìonadh, thathar a’ leantainn a’ Chòd-obrach airson Dreuchdan aig Buidhnean Poblach a Lìonadh. Thèid am pròiseas a riaghladh le Coimiseanair nan Inbhean Beusach.

# Prìomh chinn-latha na cuairt-fastaidh seo

| | |
|---|---|
| **Seisean-fiosrachaidh air-loidhne** | Thèid seisean-fiosrachaidh a chumail air-loidhne le Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig air Diciadain, an 18mh latha dhen t-Samhain 2026 from 5f gu 6f; bidh sinn a’ bruidhinn mun dreuchd agus mun phròiseas-fhastaidh. Gus ur n-ainm a chlàradh dhan t-seisean seo, nach cuir sibh post-d gu BnG.Sponsorship@gov.scot agus thèid ceangal ris an tachartas a chur thugaibh air thoiseach air an t-seisean. |
| **Ceann-latha dùnaidh** | 5f air Dihaoine, an 11mh latha dhen Dùbhlachd 2026 |
| **A’ chiad sgrùdadh air na tagraidhean** | An t-seachdain a thòisicheas air an 14mh latha dhen Dùbhlachd 2026 |

| | |
|---|---|
| **Nuair a chluinneas tagraichean mu thoradh nan tagraidhean aca** | Ro Dhiluain, an 21mh latha dhen Dùbhlachd 2026 |
| **Agallamhan** | Diciadain an 13mh latha, Diardaoin an 14mh latha, agus Dihaoine an 15mh latha dhen Fhaoilleach 2027. Thèid agallamhan a chumail aghaidh ri aghaidh ann an Glaschu, agus bidh an roghainn agaibh an t-agallamh a fhrithealadh air-loidhne tro MS Teams, mas fheàrr leibh seo.<br><br>Chan eil e coltach gun urrainn dhuinn cinn-latha agallaimh eile a thabhann. Tha amannan-agallaimh rin glèidheadh tron t-siostam fèin-fhrithealaidh againn air-loidhne, agus thèid iarraidh oirbh ceann-latha is uair a thaghadh bhon fheadhainn a tha rim faotainn. |
| **Co-dhùnadh nam Ministearan** | An Gearran 2027 |
| **Ceann-latha tòiseachaidh** | Am Màrt 2027 |

# Facal-fàilte

A Thagraiche chòir,

Mòran taing airson ur n-ùidh ann a bhith nur Ball-bùird aig Bòrd na Gàidhlig. ’S e àm cudromach a tha seo dhan Ghàidhlig ann an Alba. Tha Achd nan Cànan Albannach 2025 air inbhe oifigeil a thoirt dhan Ghàidhlig airson a’ chiad uair, agus tha pàirt dheatamach aig Bòrd na Gàidhlig ri chluich ann a bhith a’ lìbhrigeadh agus a’ sgrùdadh an Achd. Tha seo a’ gabhail a-steach dleastanas-sgrùdaidh is -gèillidh nas motha a’ Bhùird nuair a thig e gu ùghdarrasan poblach agus stèidheachadh nan Sgìrean Cànain Sònraichte.

Tha sinn airson suas ri triùir Bhall ùr a chur an dreuchd airson taic a chumail ris an structar-riaghlaidh ath-leasaichte againn, agus ri lìbhrigeadh nan amasan ro-innleachdail ùra againn.

Thèid na coinneamhan Bùird is Comataidh againn a chumail sa Ghàidhlig agus a chraoladh beò dhan phoball; mar sin, tha sinn a' sireadh luchd-labhairt na Gàidhlig aig a bheil a' mhisneachd gus pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean agus beachdan a cheasnachadh sa Ghàidhlig. Tha sinn cuideachd a' sireadh dhaoine aig a bheil eòlas air ionmhas, obair modh-sgrùdaidh agus riaghladh-ionmhais, a tha comasach air suidheachaidhean a sgrùdadh gu mionaideach agus molaidhean taiceil a chur air adhart, agus a thuigeas na cothroman is dùbhlain a tha ro choimhearsnachdan Gàidhlig an-diugh. Chan eil eòlas Bùird a dhìth, agus bidh làn-trèanadh inntrigidh agus taic leantainneach ri fhaotainn.

Tha sinn airson daoine bho fharsaingeachd de shuidheachaidean sòisealta, agus le diofar sheòrsaichean eòlais, a bhrosnachadh gus tagradh a chur a-steach.

Ma tha sibh airson tuilleadh ionnsachadh mus cuir sibh tagradh a-steach, nach tadhail sibh air an làraich-lìn againn airson am Plana Corporra agus Plana Nàiseanta Gàidhlig (2023-28) a leughadh; tha iad seo rim faotainn sa Bheurla agus sa Ghàidhlig. Ma tha sibh airson còmhradh mì-fhoirmeil a chumail mun dreuchd mus cuir sibh tagradh a-steach, nach cuir sibh fios thugam tro oifis Bhòrd na Gàidhlig aig oifis@gaidhlig.scot, agus bhithinn glè thoilichte cluinntinn bhuaibh.

Ma tha ùidh agaibh san dreuchd seo, mholainn gun dèan sibh tagradh. 'S e an ceann-ama 5f air Dihaoine, an 11mh latha dhen Dùbhlachd 2026, agus tha mi a' guidhe gach soirbheas dhuibh.

An t-Ollamh Raibeart Dunbar
Cathraiche, Bòrd na Gàidhlig

# Fiosrachadh mun Dreuchd

| | |
|---|---|
| **Tuarastal** | £197.87 san latha, le trì làithean-obrach sa mhìos; 's e seo £7,123.32 sa bhliadhna. Chan fhaighear peinnsean leis an dreuchd seo. Thèid cosgaisean reusanta – nam measg cosgaisean reusanta le cuidhteasan airson siubhal, teachd an tìr, cùram-cloinne agus luchd-cùraim – a phàigheadh air ais |

| | |
|---|---|
| | ma tha iad a dhìth airson ur cuid dhleastanasan a choileanadh mar bu chòir. |
| **Gealltanas-ùine** | 3 làithean sa mhìos sa chumantas (36 latha sa bhliadhna). Bidh an gealltanas-ùine ag atharrachadh bho sheachdain gu seachdain, agus dh'fhaodadh seo a bhith na mheasgachadh de choinneamhan Bùird tron latha, coinneamhan comataidh, leughadh de phàipearan, agus làthaireachd aig tachartasan airson luchd-ùidhe no obair-leasachaidh. Tha an gealltanas-ùine foirmeil a' gabhail a-steach ullachadh airson (agus làthaireachd aig) ceithir coinneamhan Bùird agus latha co-chonaltraidh a' Bhùird gach bliadhna, agus com-pàirteachadh ann an obair comataidhean a' Bhùird. |
| **Faid na dreuchd** | 'S ann airson suas ri ceithir bliadhna a thèid na tagraichean soirbheachail a chur anns na dreuchdan seo, 's dùil ann gun tòisich iad bhon Mhàrt 2027. 'S ann aig àm Ath-leasachadh na Seirbheis Poblaich ann an Alba a thathar a' lìonadh nan dreuchdan seo. Tron phròiseas seo – agus a rèir nan ath-leasachaidhean a chuirear an sàs san àm ri teachd – dh'fhaodte gun tig dreuchdan gu crìoch nas tràithe na thathar an dùil air neo gun tèid an leudachadh; 's ann fo ùmhlachd cho-dhùnaidhean Ministreil agus riatanasan reachdail a bhios seo. Gu nàdarra, thèid fiosrachadh a chumail ris na tagraichean soirbheachail a thaobh atharrachaidhean sam bith a dh'fhaodadh tighinn, no a thig ann an dha-rìribh, air faid na dreuchd mar thoradh air atharrachaidhean air an t-suidheachadh a bhios ann. Bu chòir fios a bhith aig tagraichean gur ann a rèir roghainn |

| | |
|---|---|
| | Ministearan na h-Alba a tha na dreuchdan seo gan lìonadh, agus nach eil iad co-ionann ri cùmhnant-obrach.<br><br>Bu chòir do thagraichean a bha an sàs roimhe aig a' bhuidhinn phoblaich seo sùil a thoirt air an earrainn sna Ceistean is Freagairtean air cosnadh san àm a dh'fhalbh agus crìochan-teirm. |
| **Àite nan coinneamhan** | Tha am Bòrd ag amas air suas ri ceithir coinneamhan a chumail sa bhliadhna. Thèid gach coinneamh Bùird is Comataidh a chumail air-loidhne agus sa Ghàidhlig, agus bidh cothrom aig a' phoball orra. Bho àm gu àm, dh'fhaodte gum bi làthaireachd aghaidh ri aghaidh a dhìth ann an Inbhir Nis, Steòrnabhagh no Dùn Èideann, no taobh a-staigh choimhearsnachdan Gàidhlig air feadh na h-Alba. Tha prìomh oifis Bhòrd na Gàidhlig ann an Inbhir Nis, 's oifisean eile suidhichte ann an Steòrnabhagh agus Glaschu. |
| **Dì-cheadachaidhean** | Chan fhaod Ball-Pàrlamaid na h-Alba a bhith ann an dreuchd phoblach aig na buidhnean poblach a th' air an ainmeachadh ann am Pàipear-taice Òrdugh (Dì-cheadachadh) Pàrlamaid na h-Alba 2025.<br><br>A rèir paragraf 3 ann am Pàipear-taice 1 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, cha ghabh neach a chur an dreuchd mar bhall-Bùird, agus chan fhaod e cumail a' dol mar bhall-Bùird, ma tha no ma thèid an neach sin na bhall de Thaigh nan Cumantan, Pàrlamaid na h-Alba no Pàrlamaid na h-Eòrpa. |

| | |
|---|---|
| | Bu chòir Ministearan an ama a dh'fhalbh agus àrd-sheirbheisich catharra (aig ìre Àrd-stiùiriche no nas àirde) a bhith cinnteach gu bheil iad a' cumail ri riaghailtean sam bith a bhuineas ri lìonadh dhreuchdan gnìomhachais.<br><br>Ma tha ceist sam bith agaibh mun earrainn dì-cheadachaidh seo, faodaidh sibh comhairle iarraidh tro bhith a' cur post-d gu Sgioba nan Dreuchdan Poblach aig Public.Appointments@gov.scot. |

# Bòrd na Gàidhlig

Tha Bòrd na Gàidhlig na Bhuidheann Phoblach Neo-roinneil reachdail a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 mar phrìomh bhuidheann phoblach na h-Alba air a bheil an dleastanas cànan is cultar na Gàidhlig, agus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, a bhrosnachadh. Thèid Bòrd na buidhne a chur an dreuchd le Ministearan na h-Alba, agus tha e cunntachail dhaibh. 'S e an t-Ollamh Raibeart Dunbar an Cathraiche, agus 's i Ealasaid Dhòmhnallach an Ceannard. Fo Achd 2005, bidh co-dhiù còignear bhall coitcheann, agus suas ri 11 dhiubh aig a' char as motha, agus Cathraiche air a' Bhòrd-stiùiridh. An-dràsta fhèin, tha còignear bhall coitcheann agus an Cathraiche air a' Bhòrd.

Tha dleastanasan reachdail air Bòrd na Gàidhlig, a rèir nam mìneachaidhean ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 agus Achd nan Cànan Albannach 2025. 'S ann le Bòrd na Gàidhlig a chaidh Plana Nàiseanta na Gàidhlig ullachadh, 's am Bòrd a' stiùireadh mar a thèid a chur an gnìomh; faodaidh e iarraidh air ùghdarrasan poblach na Planaichean Gàidhlig aca fhèin ullachadh cuideachd. Tha Achd nan Cànan Albannach 2025 a' toirt inbhe oifigeil dhan Ghàidhlig agus do dh'Albais; tha e a' toirt a-steach ro-innleachd Ghàidhlig nàiseanta, a' toirt seachad chumhachdan leis an gabh slatan-tomhais nàiseanta a stèidheachadh do dh'fhoghlam Gàidhlig agus Sgìrean Cànain Sònraichte ainmeachadh le ùghdarrasan ionadail, agus a' cur dleastanas-sgrùdaidh is -gèillidh nas motha air Bòrd na Gàidhlig ann an co-cheangal ri ùghdarrasan poblach. Bidh an ro-innleachd nàiseanta Ghàidhlig (a thèid ullachadh is fhoillseachadh le Ministearan) a' dol an àite a' Phlana

Nàiseanta Ghàidhlig ann an 2028. Ann am bliadhna-ionmhais 2025-26, làimhsich Bòrd na Gàidhlig tabhartasan-cuideachaidh luach £6.731m.

San fharsaingeachd, ’s e adhbhar agus amasan ro-innleachdail na buidhne gun tig àrdachadh air an àireimh de dhaoine a chleachdas agus a thuigeas a’ Ghàidhlig, gun tèid cleachdadh is tuigsinn na Gàidhlig a bhrosnachadh, agus gum faigh daoine cothrom nas fhasa air cànan is cultar na Gàidhlig – an dà chuid ann an Alba agus àitichean eile. Tha prìomh oifis Bhòrd na Gàidhlig ann an Inbhir Nis, ’s oifisean eile ann an Steòrnabhagh agus Glaschu.

Tuilleadh fiosrachaidh: Làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig; Plana Corporra: Beurla, Gàidhlig; Plana Nàiseanta Gàidhlig 2023-28; Còd-giùlain Bhòrd na Gàidhlig.

# Dreuchd a’ Bhuill aig Bòrd na Gàidhlig

Tha uallach air Buill agus air a’ Chathraiche airson Bòrd na Gàidhlig a riaghladh: airson an t-slighe ro-innleachdail aige a cho-dhùnadh, ìrean-coileanaidh agus cleachdadh airgid phoblaich a sgrùdadh, agus an t-àrd-sgioba a chuideachadh agus dùbhlain a chur roimhe. Thathar an dùil gum bi Buill a’ cur ri oidhirpean gus aire dhaoine air a’ Ghàidhlig agus cleachdadh a’ chànain fhèin àrdachadh; ag obair còmhla ri buidhnean Gàidhlig, coimhearsnachdan agus buidhnean poblach gus Gàidhlig a bhrosnachadh agus cothroman com-pàirteachais aithneachadh; a’ cuideachadh le bhith a’ mìneachadh agus a’ leasachadh slighe ro-innleachdail a’ Bhùird, a’ cur amasan dùbhlanach roimhe agus a’ cumail sùil air adhartas; a’ toirt fa-near stiùireadh bho Mhinistearan na h-Alba mar bu chòir; a’ cur ri tè no dhà de chomataidhean a’ Bhùird (Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan, agus Comataidh Sgrùdaidh is Rianachd Chunnartan); agus a’ cumail sùil air a’ Phlana Nàiseanta Ghàidhlig agus mar a thèid Achd nan Cànan Albannach 2025 a chur an gnìomh. Tha Buill mar Thosgairean do Bhòrd na Gàidhlig, ’s dùil ann gun cùm iad ri Prionnsabalan na Beatha Poblaich ann an Alba agus ri còd-giùlain Bhòrd na Gàidhlig fhèin.

’S ann do dh’aonar Bhall a-mhàin a tha gach dreuchd; cha ghabh a cho-roinn am measg dithis.

# Am Pannal Taghaidh

| | |
|---|---|
| **Cathraiche** | Alison Taylor, Leas-stiùiriche, Roinn airson Riaghladh, Cùisean Didseatach agus Bun-structar, Buidheann-stiùiridh airson Foghlam, Riaghaltas na h-Alba |
| **Ball a' phannail** | An t-Ollamh Raibeart Dunbar, Cathraiche, Bòrd na Gàidhlig |
| **Ball a' phannail** | Mairi NicAonghais, roimhe na Cathraiche aig Bòrd na Gàidhlig; Stiùiriche, Tagsa Uibhist |

Thoiribh an aire gun iarr sinn air tagraichean innse dhuinn ma tha iad eòlach air ball sam bith dhen phannal-taghaidh, no air duine sam bith eile a stiùiricheas pàirt dhen mheasadh agus a thèid ainmeachadh sa phasgan seo. Mar an ceudna, bidh buill a' phannail ag innse dhuinn ma tha iad eòlach air tagraiche sam bith. Ma nochdas strì eadar com-pàirtean, no ma tha e coltach gu bheil strì eadar com-pàirtean ann, thèid dèiligeadh rithe a rèir Còd-obrach Coimiseanair nan Inbhean Beusach airson Dreuchdan Poblach a Lìonadh.

# Pròifil Phearsanta

*Feumaidh comas a bhith aig gach Ball làn-phàirt a ghabhail ann an gnothaichean a' Bhùird; 's ann tro mheadhan na Gàidhlig a thèid iad seo a ghabhail os làimh. Thèid taic a chumail ri Buill ùra an cuid briathrachais chorporra is teicnigich a leasachadh ma bhios sin a dhìth. A bharrachd air seo, tha am Bòrd air na sgilean sònraichte aithneachadh (tron fhrèam-obrach sgilean aige) a tha a dhìth airson beàrnan a' Bhùird a th' ann an-dràsta a lìonadh: eòlas ionmhais is modh-sgrùdaidh, eòlas air obair-leasachaidh Ghàidhlig agus air a bhith ag obair còmhla ri coimhearsnachdan agus buidhnean com-pàirteachais.*

Tha Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam, Cultar agus Gàidhlig a' sireadh suas ri triùir Bhall ùr a chuireas an cuid eòlais gu feum mòr air a' Bhòrd. Tha mìneachadh sa chlàr gu h-ìosal air na sgilean, an eòlas, an fhèin-fhiosrachadh agus na feartan a tha sinn a' sireadh, agus air mar a nì sinn measadh air na slatan-tomhais. Dh'fhaodte gur ann bho obair, bho bhith an sàs gu gnìomhach sa choimhearsnachd agaibh no ann an dreuchd shaor-thoileach, no dìreach bhon eòlas-bheatha agaibh a tha sibh air ur cuid eòlais fhaighinn.

Tha dà phrìomh shlat-tomhais ann; tha iad air an liostadh ann an Earrann A, agus tha sinn airson co-dhiù aonar Bhall a chur an dreuchd a bheir fianais seachad air an dà chuid. Mar sin, airson dà dhe na trì dreuchdan, 's e na prìomh shlatan-tomhais a bhios nas cudromaiche na na slatan-tomhais riatanach, agus 's iad na tagraichean a bheir seachad an fhianais as treasa air prìomh shlat-tomhais a mheasas sinn as comasaiche an dreuchd sin a

choileanadh. Ma thachras gun toir tagraichean seachad fianais de chàileachd cho-ionann air prìomh shlat-tomhais, bheir am pannal fa-near an uair sin cho làidir ’s a tha an fhianais air na slatan-tomhais riatanach, airson co-dhùnadh a ruigsinn a thaobh nan tagraichean a tha as comasaiche an dreuchd a lìonadh. Tha an treas dreuchd fosgailte do thagraichean a choileanas gach slat-tomhais riatanach, ge bith an toir iad seachad fianais air prìomh shlat-tomhais no nach toir.

Ma tha sibh airson tagradh a dhèanamh airson dreuchd ris a bhuineas prìomh shlat-tomhais, nach toir sibh seachad fianais air an t-slat-tomhais sin ann an Earrann A. Ma tha eòlas buntainneach agaibh air an dà phrìomh shlat-tomhais, faodaidh sibh fianais a thoirt seachad air an dà chuid, agus bheir am pannal fa-near an fhianais air fad a bheir sibh seachad. Thèid ur cumail air chuimhne airson na treas dreuchd cuideachd, mura innis sibh dhuinn gun seo a dhèanamh. Mur h-eil sibh a’ toirt seachad fianais air prìomh shlat-tomhais, nach cuir sibh ‘chan eil seo iomchaidh’ sa bhogsa sin air an fhoirm-iarrtais. Feumaidh gach tagraiche fianais a shealltainn air na slatan-tomhais riatanach air fad ann an Earrann B.

| **Slat-tomhais** | **Eisimpleirean de chomharran** | **Mar a thèid seo a mheasadh** |
|---|---|---|
| **A. Prìomh shlatan-tomhais** | | |
| 1. Ionmhas, obair modh-sgrùdaidh agus riaghladh-ionmhais | • Eòlas proifeiseanta air ionmhas, obair modh-sgrùdaidh, cunntasachd no riaghladh-ionmhais.<br>• Fianais air a bhith a’ cumail sùil air ionmhas-gnìomhachais; tha seo a’ gabhail a-steach sgrùdadh de bhuidseatan, riosgan agus ìrean-coileanaidh.<br>• Comasach air fiosrachadh-ionmhais a mhìneachadh gu h-èifeachdach do dhaoine eile, m.e. do chomataidh sgrùdaidh is rianachd chunnartan. | Thèid seo a mheasadh aig àm-tagraidh agus aig an agallamh fhèin.<br><br>Ma tha sibh a’ cur tagradh le fianais air an t-slat-tomhais seo, nach seall sibh dhuinn nur tagradh air-loidhne mar a tha sibh ga coileanadh.<br><br>Cha bu chòir ur freagairt a bhith nas fhaide na 300 facal.<br><br>Nach sgrìobh sibh ‘chan eil seo iomchaidh’ mur h-eil sibh a’ toirt seachad fianais air an t-slat-tomhais seo. |

| | | |
|---|---|---|
| | • Chan eil teisteanas cunntasachd proifeiseanta a dhìth. | |
| 2. Leasachadh-cànain agus obair còmhla ri coimhearsnachdan | • A’ tuigsinn dleastanas is cumhachdan Bhòrd na Gàidhlig a thaobh leasachadh na Gàidhlig (fo Achd nan Cànan Albannach 2025, am measg eile).<br>• Eòlas air obair còmhla ri buidhnean a lìbhrigeas buannachdan aig ìre ionadail no choimhearsnachdail, no air gnìomhachd co-ionann ri sin ann an leasachadh choimhearsnachdan. Faodaidh an t-eòlas seo a thighinn bho roinn sam bith.<br>• Eòlas air obair còmhla ri buidhnean coimhearsnachd, ùghdarrasan ionadail no com-pàirtichean eile gus taic a chumail ri toraidhean leasachadh cànain no toraidhean coimhearsnachd. | Thèid seo a mheasadh aig àm-tagraidh agus aig an agallamh fhèin.<br><br>Ma tha sibh a’ cur tagradh le fianais air an t-slat-tomhais seo, nach seall sibh dhuinn nur tagradh air-loidhne mar a tha sibh ga coileanadh.<br><br>Cha bu chòir ur freagairt a bhith nas fhaide na 300 facal.<br><br>Nach sgrìobh sibh ‘chan eil seo iomchaidh’ mur h-eil sibh a’ toirt seachad fianais air an t-slat-tomhais seo. |
| **B. Slatan-tomhais riatanach** | | |
| 1. Ceannardas agus comasan co-dhùnaidh | • Comasach air buaidh a thoirt air slighe ro-innleachdail na buidhne agus fianais a shealltainn air ceannardas ro-innleachdail èifeachdach ann an suidheachadh corporra. | Thèid seo a mheasadh aig àm-tagraidh agus aig an agallamh fhèin.<br><br>Nach seall sibh dhuinn nur tagradh air-loidhne mar a tha sibh a’ coileanadh na slait-tomhais seo. Cha bu chòir ur |

| | | |
|---|---|---|
| | • Comasach air prìomhachasan, dùbhlain is riosgan aithneachadh agus a' bhuaidh aca a mheasadh bho shealladh ro-innleachdail.<br>• Eòlas a thaobh cho-dhùnaidhean ciallach air bun-stèidh fianais (gan dèanamh, no a' cur riutha). | freagairt a bhith nas fhaide na 300 facal. |
| 2. Riaghladh agus cunntachalachd | • Mothachail agus tuigseach air dreuchdan is dleastanasan nam ball-Bùird a thaobh deagh riaghladh corporra.<br>• Tuigseach air a' chunntachalachd a tha a dhìth a thaobh airgid phoblaich, riosgan agus ìrean-coileanaidh; tha seo a' gabhail a-steach fhrèaman-obrach cunntachalachd san roinn phoblaich.<br>• Comasach air an sgioba-stiùiridh a chumail cunntachail a thaobh ìrean-lìbhrigidh is -coileanaidh, tro mholaidhean taiceil agus cuideachadh. | Thèid seo a mheasadh aig àm-tagraidh agus aig an agallamh fhèin.<br><br>Nach seall sibh dhuinn nur tagradh air-loidhne mar a tha sibh a' coileanadh na slait-tomhais seo. Cha bu chòir ur freagairt a bhith nas fhaide na 300 facal. |
| 3. Sgilean a thaobh obair-sgioba is co-obrachadh | • A' cumail conaltradh èifeachdach agus ag obair còmhla ri daoine eile ann an dòigh thaiceil, airson cur ri obair a' Bhùird ann an dòigh dheimhinneach.<br>• Comasach air beachdan a chur air adhart ann an dòigh neo-phàirteach, | Thèid seo a mheasadh aig àm-tagraidh agus aig an agallamh fhèin.<br><br>Nach seall sibh dhuinn nur tagradh air-loidhne mar a tha sibh a' coileanadh na slait-tomhais seo. Cha bu chòir ur freagairt a bhith nas fhaide na 300 facal. |

| | | |
|---|---|---|
| | molaidhean taiceil a chur ri còmhraidhean, aonta obrachadh a-mach, agus gabhail ri co-dhùnadh coitcheann.<br>• Eòlas air conaltradh ri luchd-ùidhe, coimhearsnachdan agus buidhnean com-pàirteachais, agus ur gealltanas a bhith ag obair mar Thosgaire dhan Ghàidhlig agus do Bhòrd na Gàidhlig. | |
| 4. Dòigh-smaoineachaidh shiostamach agus molaidhean taiceil | • Comasach air fiosrachadh a mheasadh ann an dòigh cheasnachail, breithneachadh cothromach a thoirt air suidheachaidhean, agus molaidhean cuideachail a chur air adhart airson taic a chumail ri co-dhùnaidhean ciallach.<br>• Comasach air fiosrachadh mionaideach a mheasadh (m.e. sgrìobhainnean ro-innleachd no poileasaidh) agus ciall a dhèanamh dheth, airson 's gun gabh co-dhùnaidhean a ruigsinn.<br>• Comasach air molaidhean taiceil, measail a chur air adhart agus a bhith fosgailte a thaobh beachdan dhaoine eile. | Thèid seo a mheasadh aig àm an agallaimh, agus tro eacarsaich-phàipeir a' Bhùird ('s sibh a' sgrìobhadh geàrr-chunntas agus ga thaisbeanadh), tro iar-cheistean a' phannail agus ceist san agallamh fhèin. Chan eil ceist fa leth ann aig àm-tagraidh airson na slait-tomhais seo. |
| 5. Comasan Gàidhlig | • Èifeachdach gu leòr ann an sgrìobhadh is bruidhinn na Gàidhlig gus làn-phàirt a ghabhail ann | Thèid seo a mheasadh aig àm an agallaimh tro eacarsaich-phàipeir a' Bhùird; bidh sibh a' sgrìobhadh geàrr-chunntas sa |

| | | |
|---|---|---|
| | an gnothaichean a' Bhùird, nam measg coinneamhan, còmhraidhean agus conaltradh sgrìobhte.<br>• Comasach air seallaidhean a chur an cèill agus molaidhean taiceil a chur air adhart sa Ghàidhlig, m.e. ann an coinneamhan poblach a bhios gan craoladh beò.<br>• Comasach air pàipearan Bùird sa Ghàidhlig a leughadh 's a sgrùdadh. | Ghàidhlig air pàipear a' Bhùird, agus a' freagairt ceistean a' phannail sa Ghàidhlig. Chan eil ceist fa leth ann aig àm-tagraidh airson na slait-tomhais seo.<br><br>Faodaidh sibh ur tagradh a chur a-steach sa Ghàidhlig no sa Bheurla. Thèid tagraidhean sa Ghàidhlig eadar-theangachadh gu Beurla air adhbharan geàrr-liostaidh; mar sin, cha tèid an cànan a chleachdas sibh nur tagradh a mheasadh mar fhianais air an t-slat-tomhais seo, agus gheibh tagraichean san dà chànan an aon chothrom an cuid chomasan Gàidhlig a shealltainn.<br><br>Ron agallamh fhèin, thèid pàipear Bùird ann an Gàidhlig a chur thugaibh le Bòrd na Gàidhlig, agus thèid iarraidh oirbh geàrr-chunntas goirid, sgrìobhte a thoirt seachad air. Aig an agallamh, bidh sibh a' taisbeanadh a' gheàrr-chunntais agaibh sa Bheurla agus cuiridh am pannal iar-cheistean oirbh sa Ghàidhlig. |

| | | |
|---|---|---|
| Eachdraidh-obrach phearsanaichte | Gheibh am pannal tuilleadh co-theacsa a thaobh na fianais a bheir sibh seachad air na slatan-tomhais. | • Nur tagradh air-loidhne, thèid iarraidh oirbh eachdraidh-obrach phearsanaichte a thoirt seachad nach bi nas fhaide na 400 facal. Bu chòir fiosrachadh |

| | | |
|---|---|---|
| | | buntainneach air ur cuid eòlais phroifeiseanta, phearsanta is shaor-thoilich a bhith mar phàirt dhe seo. Dh'fhaodte gu bheil sibh airson na leanas a chur a-steach:<br><br>• Cinn-latha<br>• Fiosrachadh mun chompanaidh<br>• Fiosrachadh mun dreuchd agus mun eòlas agaibh<br><br>Tha seo ri chur ann am bogsa air an fhoirm-iarrtais air-loidhne; chan fheum sibh sgrìobhainn fa leth a luchdadh suas. |

# A' Cur Tagradh

1. Nach luchdaich sibh a-nuas am Pasgan Fiosrachaidh do Thagraichean, 's sibh ga shàbhaladh mar stiùireadh dhuibh. Cha bhi an sanas, am pasgan no am foirm-iarrtais air-loidhne rim faotainn às dèidh a' chinn-ama.
2. Nach leugh sibh an earrann 'Pròifil Phearsanta' sa phasgan seo, 's sibh ag ullachadh ur cuid fianais air a' phrìomh shlat-tomhais, no na prìomh shlatan-tomhais, a bhuineas ri ur tagradh (Prìomh Shlatan-tomhais 1 is 2), agus air na trì slatan-tomhais riatanach a mheasas sinn aig àm-tagraidh (Slatan-tomhais Riatanach 1, 2 is 3). Cumaibh air chuimhne nach fhaod freagairt sam bith a bhith nas fhaide na 300 facal. Faodaidh sibh ur tagradh a sgrìobhadh sa Ghàidhlig no sa Bheurla. Thèid tagraidhean sa Ghàidhlig eadar-theangachadh gu Beurla air adhbharan geàrr-liostaidh, 's tagraidhean san dà chànan gam measadh gu co-ionann. 'S ann aig an agallamh fhèin, agus chan ann a rèir na sgrìobhas sibh nur tagradh, a mheasas sinn ur cuid chomasan Gàidhlig.
3. Nach ullaich sibh eachdraidh-obrach phearsanaichte suas ri 400 facal a dh'fhaide; cuiridh sibh seo ris a' bhogsa air an fhoirm-iarrtais air-loidhne.
4. Tillibh chun an t-sanais-obrach seo agus briogaibh air 'Apply'.
5. Lìonaibh na ceistean air fiosrachadh pearsanta agus strì eadar com-pàirtean.

6. Nuair a thèid iarraidh oirbh, cuiribh ur fianais ris a’ bhogsa airson Prìomh Shlat-tomhais 1 (ionmhas, obair modh-sgrùdaidh agus riaghladh-ionmhais) agus/no Prìomh Shlat-tomhais 2 (leasachadh-cànain agus obair còmhla ri coimhearsnachdan), ’s sibh a’ sgrìobhadh ‘chan eil seo iomchaidh’ anns a’ bhogsa airson prìomh shlat-tomhais sam bith nach eil sibh a’ cleachdadh, agus ris na bogsaichean airson Slat-tomhais Riatanach 1 (ceannardas agus comasan co-dhùnaidh), Slat-tomhais Riatanach 2 (riaghladh agus cunntachalachd) agus Slat-tomhais Riatanach 3 (sgilean a thaobh obair-sgioba is co-obrachadh). Chan fhaod freagairt sam bith a bhith nas fhaide na 300 facal.
7. Cuiribh ur tagradh a-steach air-loidhne ro 5f, Dihaoine an 11mh latha dhen Dùbhlachd 2026.
8. **Thoiribh an aire:** cha bhi an roghainn agaibh ur tagradh atharrachadh aon uair ’s gu bheil sibh air ‘Submit’ a chliogadh. Feumaidh ur cuid fiosrachaidh agus sgrìobhainnean a bhith ri làimh mus cuir sibh ur tagradh a-steach.

Tha sinn a’ moladh gu làidir gun sgrìobh sibh dreachd dhe na freagairtean agaibh ann an sgrìobhainn Word, feuch am bi sibh toilichte leotha mus cuir sibh na freagairtean agaibh a-steach do gach earrann air an fhoirm-iarrtais air-loidhne.

**Thoiribh an aire nach tèid susbaint sam bith a thèid thairis air gach cuibhreachadh-fhaclan a thoirt fa-near leis a’ phannal-taghaidh.**

**Cha ghabh am pannal-taghaidh ri tagraidhean fadalach.**

Thathar air farsaingeachd de dheuchainnean a dhèanamh air an t-siostam againn air-loidhne gus a dhèanamh freagarrach ri diofar theicneòlasan-taice. Ge-tà, ma tha duilgheadas sam bith agaibh le bhith a’ faighinn cothrom air no a’ cleachdadh an t-siostaim, nach cuir sibh fios gu Sgioba nan Dreuchdan Poblach aig: Public.appointments@gov.scot.

# Comhairle Tagraidh

Cha toir am pannal-taghaidh breithneachadh oirbh (m.e. air sgàth tiotal-dreuchd) a thaobh ur cuid sgilean, eòlais, eòlais-obrach no feartan. Nì am Pannal ath-sgrùdadh air an fhianais a bheir sibh seachad, agus ’s iad na tagraichean a choileanas as dlùithe na slatan-tomhais a mheasas sinn aig a’ chiad ìre-mheasaidh seo a gheibh cuireadh bhon Phannal chun an dàrna ìre-mheasaidh (sin an ìre mu dheireadh). Airson ’s gun tèid ur cumail air chuimhne airson

nan dreuchdan, feumaidh gu bheil sibh air sealltainn ro dheireadh a' phròiseis-taghaidh gu bheil sibh a' coileanadh nan slatan-tomhais riatanach ann an dòigh a riaraicheas am pannal-taghaidh.

Bu chòir dhuibh fiosrachadh soilleir, goirid a thoirt seachad mu ur deidhinn-se agus mar a choileanas sibh na slatan-tomhais a thathar a' measadh aig an ìre-mheasaidh seo. Nuair a thèid iarraidh oirbh eòlas, tuigse no eòlas-obrach a shealltainn, bu chòir dhuibh mìneachadh a thoirt air mar a fhuair sibh seo, air cho farsaing agus domhainn 's a tha an t-eòlas, tuigse no eòlas-obrach seo, agus air suidheachadh sam bith anns an do chleachd sibh e.

Cleachdaibh fianais shònraichte a bhuineas ri riatanasan a' mheasaidh mar chuideachadh dha na freagairtean agaibh. Thoiribh iomradh air fianais bhon eachdraidh-obrach agus/no bhon bheatha phearsanta agaibh, no bho chom-pàirteachas ann am buidheann phrìobhaideach, phoblach, shaor-thoileach, chathrannach no choimhearsnachdail.

Cumaibh air chuimhne gu bheil cuibhreachadh-fhaclan aig ceann gach earrainn.

**Molaidhean ullachaidh**

- Gabhaibh ùine gu leòr airson smaoineachadh air gach slat-tomhais agus na suidheachaidhean san robh sibh an sàs bho chionn ghoirid.
- Smaoinichibh air mar a thug ur cuid ghnìomhan is eòlais toraidhean gu buil a dhearbhaicheas na slatan-tomhais.
- Ullaichibh ur freagairtean.

**Ur fianais**

- Cumaibh ur freagairtean soilleir is goirid. Dh'fhaodte gun tèid iarraidh oirbh aig an agallamh tuilleadh innse dhuinn mu ur freagairtean.
- Thoiribh iomradh air fianais a sheallas as fheàrr ur cuid sgilean, eòlais no comasan san roinn sin.

Nuair a bheir sibh ur fianais seachad, bhiodh e feumail nam mìnicheadh sibh na chuir sibh gu pearsanta ris an t-suidheachadh, na rinn sibh agus mar a rinn sibh e – cleachdaibh am facal "mi" an àite "sinn". Mìnichibh an toradh – dè thachair? Dè cho èifeachdach 's a bha an toradh? Dè cho cudromach 's a bha a' phàirt, na gnìomhan agus na ceumannan agaibhse? Dè a' bhuaidh a thug sibh air gnothaichean?

**A' cleachdadh modh-obrach STARR**

Nuair a bheir sibh seachad fianais air na slatan-tomhais, ’s dòcha gum bi e feumail dhuibh na freagairtean agaibh a structaradh leis a’ mhodh-obrach STARR. Le seo, gabhaidh fianais a tha soilleir, goirid, buntainneach a chur air adhart, agus tuigidh am pannal-taghaidh na chuir sibh gu pearsanta ris an t-suidheachadh agus a’ bhuaidh a thug sin air gnothaichean.

- **Suidheachadh** *(Situation)* – Thoiribh mìneachadh goirid air a’ cho-theacsa no an t-suidheachadh fhèin.
- **Dleastanas** *(Task)* – Mìnichibh a’ phàirt no an dleastanas a bh’ agaibhse gu sònraichte.
- **Gnìomh** *(Action)* – Mìnichibh na rinn sibh (cleachdaibh am facal “mi” an àite “sinn”), agus ciamar is carson a ghabh sibh na ceumannan sin.
- **Toradh** *(Result)* – Mìnichibh an toradh a thug na gnìomhan agaibh gu buil, agus na chaidh a ruigsinn.
- **Cnuasachadh** *(Reflection)* – Far a bheil seo iomchaidh, nach cnuasaich sibh air na dh’ionnsaich sibh, na dhèanadh sibh gu h-eadar-dhealaichte, no mar a bhuineas an t-eòlas seo ri dreuchd a’ Bhuill neo-ghnìomhaich aig buidheann phoblach.

Bidh am modh-obrach seo na chuideachadh dhuibh le bhith a’ sealltainn na rinn sibh, ach cuideachd mar a chuir sibh ur cuid sgilean, breithneachaidh agus luachan gu feum, agus a’ bhuaidh a thug na rinn sibh air gnothaichean.

# Am pròiseas-measaidh

’S ann mar a leanas a bhios am pròiseas-measaidh:

1. Nì am pannal-taghaidh measadh air gach tagradh a rèir slatan-tomhais na dreuchd (tuilleadh san earrainn ‘Pròifil Phearsanta’). ’S iad an fheadhainn aig a bheil fianais a choileanas slatan-tomhais na h-ìre seo san dòigh as dlùithe a chuireas sinn air a’ gheàrr-liosta airson nan agallamhan.
2. Cumaidh am pannal-taghaidh agallamhan còmhla ri tagraichean. ’S ann co-cheangailte ri slatan-tomhais na dreuchd a bhios na ceistean a chuireas iad. Ma gheibh sibh cuireadh gu agallamh, thèid na ceistean bunaiteach a chur thugaibh 24 uair ro làimh, agus dh’fhaodadh am pannal iar-cheistean, no ceistean a bharrachd, a chur oirbh air an latha fhèin. Bidh eacarsaich-phàipeir a’ Bhùird mar phàirt dhen agallamh. Le seachdain ri dhol ron agallamh, thèid pàipear Bùird ann an Gàidhlig a chur thugaibh le Bòrd na Gàidhlig. Thèid iarraidh oirbh geàrr-chunntas sgrìobhte a thoirt seachad air ann an Gàidhlig, suas ri 400 facal a dh’fhaide, ’s sibh a’ mìneachadh nam prìomhachasan as cudromaiche air am feumadh am Bòrd a bhruidhinn agus eileamaid sam bith a dh’fhaodadh a bhith dùbhlanach. Feumaidh sibh an geàrr-chunntas agaibh a chur tro phost-d gu Sgioba nan Dreuchdan Poblach ro 12f an latha-obrach ron agallamh agaibh. Aig toiseach an agallaimh, thèid iarraidh oirbh an geàrr-

chunntas agaibh a thaisbeanadh dhan phannal sa Bheurla, agus cuiridh am pannal ceistean oirbh sa Ghàidhlig an uair sin. Thèid an còrr dhen agallamh a chumail tro mheadhan na Beurla. Bheir agallamhan mu uair a thìde agus thèid an cumail aghaidh ri aghaidh ann an Glaschu, 's an roghainn agaibh a bhith an làthair air-loidhne tro MS Teams.

3. Cuiridh am pannal-taghaidh cuideachd ceistean co-cheangailte ris an deuchainn gus neach freagarrach is iomchaidh a lorg (tuilleadh gu h-ìosal); gabhaidh seo a-steach ceistean mu Phrionnsabalan na Beatha Poblaich ann an Alba.
4. Nì am pannal-taghaidh ath-sgrùdadh air an fhianais a gheibh e, agus ruigidh e aonta air na tagraichean a th' air na slatan-tomhais taghaidh a choileanadh san dòigh as dlùithe agus a bu chòir a mholadh dhan Mhinistear air a bheil an dleastanas na dreuchdan a lìonadh.
5. A rèir na fianais a bheir am pannal-taghaidh seachad, ruigidh am Ministear co-dhùnadh air cò thèid a chur an dreuchd. Dh'fhaodte gum bi am Ministear airson coinneachadh ri tagraichean mus tig e gu co-dhùnadh mu dheireadh.
6. Thèid iarraidh air tagraichean soirbheachail dearbhaidhean a choileanadh mus tèid an cur an dreuchd; bheir seo a-steach Sgrùdadh Foillseachadh Fiosrachaidh (chan eil cosgais ann airson seo). 'S ann air chùmhnant gun coilean sibh na dearbhaidhean seo gu ìre fhreagarrach a thèid ur cur an dreuchd.

**Agallamhan Barantaichte**

Leis a' chuairt-fhastaidh seo, tha gealltanas ann gum faigh daoine ciorramach agallamh ma choileanas iad na slatan-tomhais airson na dreuchd air a bheil iad ag amas aig àm-tagraidh. Cha bhi fios aig a' phannal-taghaidh cò na tagraichean a th' air agallamh barantaichte iarraidh mus bi a' gheàrr-liosta deiseil.

**Dearbhaidhean airson Neach Freagarrach is Iomchaidh a lorg**

Nuair a thig e gu lìonadh dhreuchdan poblach, 's e 'neach freagarrach is iomchaidh' cuideigin a tha freagarrach air sgàth 's gu bheil iad a' coileanadh riatanasan na dreuchd, 's an cuid ghnìomhan agus giùlain san àm a dh'fhalbh (no an-dràsta fhèin) a' ciallachadh gu bheil iad freagarrach. Thathar air deuchainnean a thoirt a-steach aig diofar ìrean a' phròiseis-fhastaidh airson a bhith cinnteach mu na leanas:

- gun robh giùlan an neach gu ruige seo freagarrach ris an dreuchd phoblaich
- nach eil bun-reachd na buidhne a' cur casg air ballrachd, m.e. air sgàth clàr-eucoirean no briseadh-creideis (tuilleadh fon earrainn 'Dì-cheadachaidhean')
- nach eil strì ann eadar com-pàirtean nach gabh a riaghladh

- gun tèid gnìomhan poileataigeach fhoillseachadh
- gu bheil gealltanas ann a bhith a' cumail ri Prionnsabalan na Beatha Poblaich ann an Alba
- gu bheil dearbhadh ann gun gabh an gealltanas-ùine a choileanadh a tha a dhìth airson an dreuchd a dhèanamh.

**Sgrùdadh air na Meadhanan airson tagraichean a gheibh cuireadh gu agallamh**
Faodaidh am pannal-taghaidh fiosrachadh mu thagraichean a thoirt fa-near a tha ri fhaotainn gu poblach; tha seo a' gabhail a-steach nam postaichean aca air na meadhanan sòisealta. Ma thèid càil sam bith a lorg far an aontaich am pannal-taghaidh gu bheil buntanas ann ris an dreuchd – no far am faodadh teagamh a bhith ann a thaobh cho freagarrach 's a tha an tagraiche airson na dreuchd, no cho earbsach 's a tha am pròiseas-fastaidh no a' bhuidheann phoblach fhèin – thèid còmhradh a chumail air seo aig an agallamh còmhla ris an tagraiche. 'S ann le fosgailteachd agus soilleireachd a nithear beachdachadh air cùis sam bith, airson an fhìrinn a dhearbhadh. Gheibh tagraichean an cothrom freagairt a thoirt seachad mu dhragh sam bith. Thèid am fiosrachadh seo a làimhseachadh a rèir an Fhiosrachaidh mu Phrìobhaideachd a bhuineas ri lìonadh dhreuchdan poblach.

**Achd Riochdachadh nan Gnèithean air Bùird Phoblach (Alba) 2018**
Tha Achd Riochdachadh nan Gnèithean air Bùird Phoblach (Alba) 2018 a' cur an cèill amas a thaobh riochdachadh nan gnèithean; sin gum bu chòir 50% de bhuill-bhùird neo-ghnìomhach aig buidhnean poblach a bhith nam boireannaich.

Ma thèid dithis (no barrachd) thagraichean a mheasadh a cheart cho teisteanaichte airson dreuchd, agus ma tha co-dhiù aonar dhiubh na bhoireannach (agus mur h-eil aonar eile), tha earrann 4(3) dhen Achd ag iarraidh gun cuir am Ministear am boireannach an dreuchd ma chumadh seo taic ris a' bhuidhinn phoblaich gus an t-amas a thaobh riochdachadh nan gnèithean a choileanadh, no adhartas a dhèanamh ga ionnsaigh*.

Aon uair 's gun cuir sibh tagradh, sgrìobhaidh Riaghaltas na h-Alba thugaibh gus am fiosrachadh fhaighinn a bhios a dhìth a thaobh ur gnè.

* Thoiribh an aire: mar roghainn eile, agus fo earrann 4(4) dhen Achd, faodaidh am Ministear tagraiche a chur an dreuchd nach eil na bhoireannach, ma tha feart no suidheachadh eile ann a tha na adhbhar iomchaidh airson seo a dhèanamh.

# Ceistean Cumanta is Freagairtean

| | |
|---|---|
| **Cò ris am faigh mi ann an conaltradh airson bruidhinn mun dreuchd seo?** | Ma tha sibh airson còmhradh mì-fhoirmeil a chumail mun dreuchd, nach cuir sibh fios chun an Ollaimh Raibeirt Dunbar, Cathraiche Bhòrd na Gàidhlig, tro oifis Bhòrd na Gàidhlig aig oifis@gaidhlig.scot. Airson fiosrachadh mu Bhòrd na Gàidhlig agus a chuid obrach fhaighinn, nach tadhail sibh air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig, no nach cuir sibh fios chun an Sgioba Conaltraidh aig oifis@gaidhlig.scot. |
| **Cò ris am faod mi bruidhinn ann an co-cheangal ri ciorram, airson atharrachaidhean reusanta iarraidh?** | Nach cuir sibh fios gu Sgioba nan Dreuchdan Poblach<br>Post-d: Public.appointments@gov.scot<br>Faodaidh daoine a tha bodhar, dall is bodhar, no a chleachdas cànan-soidhnidh Bhreatainn (BSL) fios a chur chun an sgioba tro contactSCOTLAND-BSL |
| **Tha duilgheadasan agam leis a' phròiseas-tagraidh, cò ris am faod mi bruidhinn?** | Cuiribh fios gu Sgioba nan Dreuchdan Poblach (gheibh sibh am fiosrachadh-conaltraidh gu h-àrd). |
| **A bheil comhairle sam bith agaibh do thagraichean a thig gu agallamhan?** | Tha. Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh an seo: Ro-ràdh - Dreuchdan poblach: Stiùireadh - gov.scot (www.gov.scot) |
| **Chan urrainn dhomh an t-agallamh a fhrithealadh gu pearsanta, am faod mi a fhrithealadh air astar?** | Faodaidh. Thèid agallamhan a chumail aghaidh ri aghaidh ann an Glaschu, ach an àite sin, faodaidh sibh co-dhùnadh an t-agallamh a fhrithealadh air-loidhne tro MS Teams. Thèid iarraidh oirbh innse dhuinn gu dè as fheàrr leibh nuair a ghlèidheas sibh an t-àm-agallaimh agaibh. Mur h-eil sibh eòlach air MS Teams, faodaidh Sgioba nan Dreuchdan Poblach seisean-deuchainn a chur air dòigh còmhla ribh. |
| **Am faigh mi airgead air ais bhuaibh às dèidh dhomh agallamh a fhrithealadh?** | Gheibh. Faodaidh sibh cosgaisean reusanta a thaobh siubhail agus teachd an tìr fhaighinn air ais airson agallamh aghaidh ri aghaidh a fhrithealadh. Gheibh sibh foirm-chosgaisean còmhla ris a' chuireadh fhèin, le stiùireadh ann agus fiosrachadh-conaltraidh an neach a dhèiligeas ri cosgaisean (Niamh McGhee; niamh.mcghee@gov.scot). |

| | |
|---|---|
| **Dè tha ‘airidh air fastadh’ a’ ciallachadh?** | Le ‘airidh air fastadh’, thathar a’ ciallachadh gur ann san dòigh as dlùithe a choileanas an fheadhainn a thèid fhastadh na slatan-tomhais a tha rin coileanadh airson dreuchd bhàn na buidhne poblaich fhaotainn aig àm air choreigin. Thèid daoine a mheasadh a rèir na fianais a chuireas iad air adhart tron phròiseas-fhastaidh, agus a rèir toraidhean an Sgrùdaidh airson Neach Freagarrach is Iomchaidh a lorg. |
| **Dè a’ phàirt a chluicheas Coimiseanair nan Inbhean Beusach (ESC) anns a’ phròiseas-fhastaidh?** | Tha an ESC a’ riaghladh agus a’ cumail sùil air a’ phròiseas-fhastaidh airson dreuchdan poblach a lìonadh. Tha an Coimiseanair a’ cluich pàirt ann a bhith cinnteach gun tèid na daoine fhastadh a tha airidh air, agus gun tèid dòighean-obrach cothromach a chleachdadh. Tha tuilleadh fiosrachaidh mu dhleastanas a’ Choimiseanair ri fhaotainn an seo: Bileag le Fiosrachadh mu Dhreuchdan Poblach \| Coimiseanair nan Inbhean Beusach |
| **Am faod mi tagradh a chur a-steach mur h-eil mi nam shaoranach Breatannach?** | Faodaidh. Faodaidh sibh tagradh a chur a-steach mur h-eil sibh nur saoranach Breatannach. Ge-tà, feumaidh cead laghail a bhith agaibh a bhith ag obair anns an Rìoghachd Aonaichte. |
| **An toireadh tuarastal a gheibhinn ann an dreuchd phoblach buaidh sam bith air na sochairean a tha mi a’ faighinn?** | Tha teansa ann gun toireadh. Ma ghabhas sibh dreuchd phoblach le tuarastal, dh’fhaodadh sin buaidh a thoirt air na gheibh sibh de shochairean. Bidh seo a rèir an t-suidheachaidh phearsanta agaibh, agus bu chòir dhuibh comhairle a shireadh bho sholaraiche nan sochairean agaibh. Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaotainn an seo: Dreuchdan poblach agus sochairean sòisealta: Fiosrachadh - gov.scot (www.gov.scot) |
| **Am faic am pannal-taghaidh fiosrachadh air an fhoirm-sgrùdaidh eug-samhlachd?** | Chan fhaic. Cha tèid fiosrachadh-sgrùdaidh eug-samhlachd a bheir tagraichean seachad a roinn leis a’ phannal-taghaidh.<br>Ma chuireas tagraichean a-steach airson agallamh barantaichte, thèid am fiosrachadh seo a roinn leis a’ phannal-taghaidh.<br>Dh’fhaodte gun tèid fiosrachadh mu atharrachaidhean reusanta a roinn leis a’ phannal-taghaidh, feuch an tèid |

| | |
|---|---|
| | feumalachdan a choileanadh (m.e. ma bhios feum ann air eadar-theangadair BSL). |
| **Am feum mi seòladh puist-d agus fiosrachadh conaltraidh a thoirt seachad aig àm-tagraidh?** | Feumaidh. Feumaidh sibh ur fiosrachadh-conaltraidh – agus seòladh puist-d – a thoirt seachad nuair a chuireas sibh ur tagradh a-steach. Tha am fiosrachadh seo a dhìth airson 's gun gabh fios a chur thugaibh mun tagradh agaibh agus – ma tha sibh soirbheachail – airson taic a chumail ris a' phròiseas-fhastaidh. Airson feumalachdan Bun-loidhne na h-Inbhe Tèarainteachd Sgiobachd (BPSS) a choileanadh, dh'fhaodte gum feum Riaghaltas na h-Alba dearbhadh a dhèanamh air fèin-aithne agus teisteanasan nan tagraichean a thèid a chur air adhart airson nan dreuchdan. Feumaidh a' bhuidheann phoblach fiosrachadh-conaltraidh fhaighinn cuideachd airson trèanadh-inntrigidh a chur air dòigh, agus gheibh i am fiosrachadh seo ma thèid ur cur an dreuchd.<br>Thèid tagraidhean a dhiùltadh mura tèid an cur a-steach leis an fhiosrachadh-chonaltraidh a tha a dhìth. |
| **Ciamar a thèid am fiosrachadh pearsanta agam a làimhseachadh?** | Thèid ur fiosrachadh pearsanta air fad a làimhseachadh le cùram mòr agus a rèir feumalachdan RDDC agus dìon-dàta na Rìoghachd Aonaichte. Tha tuilleadh fiosrachaidh ri fhaotainn san Fhiosrachadh mu Phrìobhaideachd. |
| **Am faigh mi molaidhean air ais a thaobh an tagraidh no an agallaimh agam?** | Gheibh. Faodaidh sibh molaidhean air ais iarraidh. Bidh 20 latha-obrach aig tagraichean, bhon cheann-latha air an deach fios a chur thuca mu thoradh an tagraidh aca, gus seo iarraidh ann an cruth sgrìobhte aig Public.Appointments@gov.scot. |
| **An tèid trèanadh sam bith a thoirt seachad ma thèid dreuchd a thabhann dhomh agus ma ghabhas mi i?** | Thèid. Tha pròiseas-inntrigidh agus tairgse trèanaidh aig gach buidheann phoblach fa leth, agus cuiridh iad fios thugaibh gu pearsanta ma thèid ur cur an dreuchd. Cuideachd, nuair a thèid daoine ùra a chur an dreuchd, gheibh iad cuireadh gu bhith an làthair aig latha-inntrigidh a thèid a chumail le Aonad-taice nam Buidhnean Poblach aig Riaghaltas na h-Alba. |

| | |
|---|---|
| **Ma bha mi roimhe nam bhall aig buidheann phoblach riaghlaichte, am faod mi cur a-steach airson dreuchd aig a' bhuidhinn phoblaich sin?** | Faodaidh. Chan eil greis-ùine a chuir sibh seachad roimhe aig buidheann phoblach a' cur bacadh oirbh bho bhith a' cur a-steach airson dreuchd ùr.<br><br>Tha greisean-ùine mar Bhall, Urrasair no Coimiseanair agus greisean mar Chathraiche gam measadh mar ghreisean fa leth. San àbhaist, 's ann suas ri ochd bliadhna a dh'fhaodar a bhith ann an gach dreuchd. Ma bha sibh roimhe san aon dreuchd aig a' bhuidhinn phoblaich, thèid greisean-ùine sam bith bhon àm a dh'fhalbh a mheasadh mar phàirt dhe na h-ochd bliadhna seo, fiù 's ma bha beàrn ann eadar na dreuchdan. |
| **An gabh còrr is aon dreuchd phoblach a dhèanamh aig an aon àm?** | Gabhaidh. Tha e comasach còrr is aon dreuchd phoblach a dhèanamh. **Ge-tà, nach toir sibh sùil air an earrainn 'Dì-cheadachaidhean' sa phasgan seo airson tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn a bhuineas ris a' bhuidhinn phoblaich shònraichte seo.**<br>Cuideachd, bu chòir dhuibh a bhith cinnteach gun urrainn dhuibh an ùine a tha a dhìth a chur a-steach airson dreuchd a bharrachd a dhèanamh, agus nach eil strì sam bith eadar com-pàirtean ann nach gabh a riaghladh. |
| **Nuair a thèid tagraiche a chur an dreuchd, an tèid fiosrachadh fhoillseachadh ma dheidhinn?** | Thèid. Thèid gach cur an dreuchd fhoillseachadh an seo: Dreuchdan poblach: Brathan-naidheachd - gov.scot (www.gov.scot)<br>Cuideachd, dh'fhaodte gum foillsich a' bhuidheann phoblach fiosrachadh mu chur an dreuchd ùr air an làraich-lìn agus na meadhanan sòisealta aice fhèin. Am measg an fhiosrachaidh a thèid fhoillseachadh, bidh eachdraidh-bheatha agus fiosrachadh mu ghnìomhan poileataigeach sam bith taobh a-staigh nan 5 bliadhna a dh'fhalbh ann. |
| **Dè na h-inbhean-giùlain ris a bheilear an dùil bho bhuill aig buidhnean poblach?** | Thèid an giùlan ris a bheilear an dùil bho bhuill aig buidhnean poblach a mhìneachadh an seo: Buill bhuidhnean poblach tiomnaichte: Còd-giùlain - An |

| | |
|---|---|
| | Dùbhlachd 2021 - gov.scot (www.gov.scot) (bheir seo a-steach Prionnsabalan na Beatha Poblaich) |
| **Ciamar a nì mi gearan mun phròiseas leis an tèid dreuchdan poblach a lìonadh?** | Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh mun phròiseas-ghearain airson dreuchdan poblach a lìonadh an seo: A' cur tagradh a-steach - Dreuchdan poblach: Stiùireadh - gov.scot (www.gov.scot)<br><br>Faodaidh duine sam bith a ghabhas dragh mu dhreuchdan poblach gearan a thogail agus iarraidh gun tèid sgrùdadh neo-eisimeileach a dhèanamh air le Coimiseanair nan Inbhean Beusach. Pròiseas-sgrùdaidh airson dhreuchdan poblach \| Coimiseanair nan Inbhean Beusach |

**Airson tuilleadh fiosrachaidh fhaotainn**

Nach cuir sibh fios gu Sgioba nan Dreuchdan Poblach aig Riaghaltas na h-Alba

**Post-d:** Public.appointments@gov.scot

Faodaidh daoine bodhar, dall is bodhar, agus a chleachdas Cànan-soidhnidh Bhreatainn (BSL) fios a chur chun an sgioba tro contactSCOTLAND-BSL

Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba